



  
AN LANNTAIR

MUSIC  
CEÒL  
LIVE EVENTS  
TACHARTASAN BEÒ  
FILMS  
FILMICHEAN  
EXHIBITIONS  
TAISBEANAIDHEAN

SUMMER 2015  
SAMHRADH 2015

# SUN, SEA, SOUNDS AND HERRING

## BLÀTHS NA GRÈINE, CEÒL NA MARA, AGUS SGADAIN

Summer is here at last and what a pleasure it is to announce a wonderful, packed programme here at An Lanntair.

We are looking forward to celebrating with HebCelt this year on their 20th birthday, launching the festival at An Lanntair on the 15th July with 'Between Islands'; a new collaboration bringing together a trio of songwriters from Shetland, Orkney and Lewis. Our performing arts programme is jam packed all summer with incredible acts, including the Scottish National Jazz Orchestra with Eddi Reader, the wonderful Phil Cunningham & Aly Bain and much more.

The birthday theme continues this season with 150 years of the Stornoway Port Authority celebrated here in our main gallery from 25th June with an exhibition of Katie Scarlett Howard's 'Clann Nighean an Sgadain: The Herring Girls'. And please do come along to our Festival of Food and Herring here throughout the building on the 3rd and 4th of July. We are also delighted to be welcoming back Will Maclean this August with his fascinating exhibition 'Fiaradh gu 'n lar: Veering Westerly'. Our fantastic Education team have also created a diverse set of opportunities this summer for everyone to learn new creative skills with us, from set design, to traditional Gaelic song to musical theatre. There really is something for everyone at An Lanntair this summer!

Elly Fletcher, Chief Executive

Tha an samhradh ann, fa dheòidh, agus abair thusa gu bheil e na thoileachas dhomh a bhith a' cur fior dheagh phrògram de thachartasan air bhog aig An Lanntair.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri comharrachadh ficead bliadhna den Fhèis Cheilteach Innse Gall, is i ga cur air chois aig An Lanntair air 15mh luchar le 'Eadar Eileanan'; pròiseact a' toirt triùir sgriobhaichean-ciùil à Sealtainn, Arcaibh is Leòdhas còmhla. Tha prògram mòr de dh'ealain-chluiche ann 'son an t-samhraidh, le tàltan leithid Orcastraig Nàiseanta Jazz na h-Alba le Eddi Reader, na cluicheadairean ainmeil Phil Cunningham is Aly Bain agus tòrr mòr a bharrachd gu bhith a' nochdadh.

Tha bliadhna mhòr eile ga comharrachadh is e 150 bliadhna bhon a thàinig Ùghdarris Cala Steòrnabhaigh gu bith, leis an taisbeanadh Clann Nighean an Sgadain: The Herring Girls aig Katie Scarlett Howard sa phriomh ghilearaidh bho 25mh Ògmhios. Agus feuchaibh is thigibh gu ar Fèis Bhidh is Sgadain air feadh an togalaich seo air 3 is 4 luchar. Tha sinn cuideachd a' cur fàilé bhlàth air Uilleam MacIII Eathain is e a' tigh-inn air ais chun An Lanntair san Lùnastal leis an taisbeanadh iongantach aige A' Fiaradh gu 'n lar: Veering Westerly. Tha ar Sgioba Foghlaim air prògram farsaing samhraidh a chruthachadh làn chothroman dha duine sam bith air sgilean-ealain ùra a thogail; bho dhealbhadh seata gu seann orain Ghàidhlig gu dràma-ciùil. Chan eil teagamh agam nach bi rud ann dha na h-uile duine aig An Lanntair as t-samhradh.

Elly Fletcher, Ceannard

# EXHIBITIONS TAISBEANADHEAN



## Clann-nighean an Sgadain: The Herring Girls -

Katie Scarlett Howard

25 June – 1 August

A new exhibition of striking ceramic figures celebrating the Herring Girls who serviced the fishing industry on which Stornoway was built. The women undertook the arduous work of gutting, salting and packing herring into barrels for sale and export – notably to the Baltic - and also followed the seasonal work to other seaports such as Lerwick, Lowestoft and Yarmouth. The exhibition will also feature photographs of the thriving harbour and quayside throughout the last century as part of the programme to mark the 150th year of the Stornoway Port Authority.

## Festival of Food and Herring, 3 & 4 July

As part of our Herring Girls Exhibition we will be hosting a 2 day food and drink festival celebrating local produce and traditions.

See website for details [lanntair.com](http://lanntair.com)



## Clann-nighean an Sgadain: The Herring Girls -

Katie Scarlett Howard  
25 Ògmhios – 1 Lùnastal

Taisbeanadh ùr de ìomhaighean àraidh cearamaig a' cuimhneachadh clann-nighean an sgadain is iad an sàs ann an gnìomhachas an èisg; gnìomhachas air an deach Steòrnabhagh a thogail. Bhiodh a' chlann-nighean a' cutadh, a' sailleadh agus a' pacadh nan sgadan ann am barrailean airson reic air feadh Bhreadainn agus a-nall thairis – gu h-àraidh chun nan dùthchannan Baltach – agus bhiodh iad cuideachd a' leantainn a' ghniomhachais timcheall Bhreadainn puirt eile leithid Liùrabhaig, Lowestoft agus Yarmouth. Ann an taisbeanadh, bidh dealbhan-camara den chala agus de chidhe Steòrnabhaigh is e a' cur thairis le obair mhòr an èisg tron linn a chaidh seachad mar phàirt de phrògram a' cuimhneachadh 150 bliadhna bhon a thàinig Ùghdarras Cala Steòrnabhaigh gu bith.

## Fèis Bhìdh is Sgadain An Lanntair 3 is 4 Iuchar

Mar phàirt de ar taisbeanadh air Clann-nighean an Sgadain bidh sinn a' cumail fèis dà-latha air biadh is deoch, stèidhete air dualchas bidh is dibhe an àite.

# EXHIBITIONS

## TAISBEANADHEAN


### A' Fiaradh gu 'n Iar:

#### Veering Westerly: Will Maclean

8 August - 20 September

An Lanntair's relationship with Will Maclean dates from 1986, since which he has featured in many projects. This powerful and lyrical exhibition of recent work from the 'artist laureate' of the Highlands and Islands, has a conscious, deliberate west-coast orientation and comprises drawings, plans, poetic and literary collaborations, constructions and assemblages.

With thanks to Art First, London.



### A' Fiaradh gu 'n Iar:

#### Veering Westerly: Will Maclean

8 Lùnastal - 20 Sultain

Tha an càirdeas eadar An Lanntair agus Uilleam MacIlliEathain a' dol air ais gu 1986, agus e air nochdadh ann am iomadh pròiseact bhon uair sin. Tha an taisbeanadh cumhachdach, ealanta seo den obair ùir bho 'artist laureate' na Gàidhealtachd is nan Eilean a' coimhead chun chost' an iar le dealbhan, planaichean, ealain-togte agus ealain-cruinneachaidh.  
Le taing dha Art First, Lunnainn.



# MUSIC & LIVE EVENTS

## CEÒL & TACHARTASAN BEO

### 30 Years of An Lanntair Scottish National Jazz Orchestra with Eddi Reader

19 June at 8pm - £20

Join the internationally acclaimed Scottish National Jazz Orchestra, director Tommy Smith, and their guest, the inimitable Eddi Reader, for an exciting and utterly unique concert experience. Alba: Songs of Scotland takes enchanting and evocative melodies from across Scotland and weaves words, music and colourful arrangements together in a seductive musical tapestry of Scotland.



### Traditional Music Sessions at An Lanntair Check our website for listings

Each month we welcome local musicians to our Café Bar to celebrate traditional Scottish music. Come along, join in or simply enjoy the music!

See website for details [lanntair.com](http://lanntair.com)

### 30 Bliadhna Dhen Lanntair Orchestra Nàiseanta Jazz na h-Alba le Eddi Reader

19 Ògmhios aig 8f - £20

Thigibh a chluinntinn an còmhlan cliùiteach Orchestra Nàiseanta Jazz Nàiseanta na h-Alba, an stiùiriche Tomaidh Mac a' Ghobhainn, agus an seinneadair ainmeil Eddi Reader airson oidhche, àraidh, spèisealta. Tha Alba: Órain na h-Alba stèidhte air fuinn sheunta, shònraichte bho air feadh Alba, is e mar bheairt a' fighe fhaclan is ceòl còmhlann an dòigh bheòthail annasach a' cruth-achadh clò-mòr àlainn de cheòl na h-Alba.



### Ceòl Gàidhealach aig An Lanntair Theirrigibh chun na làraich-lin 'son fiosrachadh

Tha sinn a' cur failte gach mìos air cuid de luchd-ciùil an eilein is iad a' cluich ceòl Gàidhealach sa Chafaidh Bàr. Thigibh ann a chluich, a sheinn no dìreach a dh'eisteachd.

# HEBRIDEAN CELTIC FESTIVAL

## ALL TICKETS AVAILABLE FROM [HEBCELTFEST.COM](http://HEBCELTFEST.COM)

### 30 Years of An Lanntair

#### Between Islands

15 July at 7.30pm - £15/13

An Lanntair has brought together three talented songwriters for this celebration of unique island talent. Kris Drever from Orkney, Arthur Nicolson from Shetland and Willie Campbell from Lewis. Following a couple of intensive writing sessions in Shetland and Lewis the result is a fabulous selection of new songs and so much more.



### Shinty's Heroes

16 July at 7.30pm - £15/13

To commemorate the centenary of the Great War, and explore the rich traditions of shinty played on Scotland's west coast islands, HebCelt will pay tribute to its sporting heroes, many of whom paid the ultimate sacrifice.

### Shine

18 July at 8pm - £15/13

After a 10 year break Shine are back together with new music and song for one simple reason - the girls missed it. They had a fantastic gig at Celtic Connections, where their new material was also well received and are re-releasing their much loved album 'Sugarcane' via Proper Distribution.

### Na h-Òganaich

17 July at 8pm - £15/13

Na h-Òganaich are widely credited with reviving interest in Gaelic music in the 1970s for a younger generation and influencing many musicians who followed in their footsteps, including Capercaillie

### Cèilidh Dance

15 & 16 of July at 11pm - £5

The tradition of our opening night ceilidh dance has proved so popular that HebCelt are now offering two this year following events in An Lanntair arts centre.



### Festival Club

17 & 18 July at 11pm - £6/8

Is there life after midnight? Yes! All you party animals can dance on into the night at the Festival Club. The late night club offers a chance to catch someone you may have missed, and upcoming artists alongside some festival favourites.

**Tickets are in hot demand.**

# FÈIS CHEILTEACH INNSE GALL

TIOCAIDEAN GU LÈIR RI FHAIGHINN AIG [HEBCELTFEST.COM](http://HEBCELTFEST.COM)

## 30 Bliadhna chen Lanntair

### Eadar Eileanan

15mh luchar aig 7.30f - £15/13

Tha An Lanntair a' toirt triùir luchd-ciùil còmhla a' comharrachadh tàlant sònraichte eileanan na h-Alba, le Kris Drever à Arcaibh, Artair MacNeacail à Sealainn agus an Leòdhasach Uilleam Caimbeul. Às dèidh sheiseanan mòra sgrìobhaidh an Leòdhas agus an Sealainn, 's e toradh na h-obrach seo sreath de dh'òrain ùra mhiorbhaileach, le gu leòr eile nan cois.

## Curaidhean na Camanachd

16mh luchar aig 7.30f - £15/13

A' cuimhneachadh ciad bliadhna bhon Chogadh Mhòr, agus dualchas mòr na camanachd mar a bhithte ga cluich sna eileanan far chost' an iar na h-Alba. Nì an Fhèis moladh air gaisgich a' gheama; gu leòr aca a chàill am beatha. chogadh sgriosail seo.



## Shine

18mh luchar aig 8f - £15/13

Às dèidh deich bliadhna air falbh, tha Shine air ais còmhla le ceòl is òrain ùra agus air adhbhar gu math sìmplidh – bha na caileagan ag ionndrainn a bhith a' cluich còmhla. Bha consart mòrbhaileach aca aig Celtic Connections an Glaschu far an do chuireadh fèill mhòr air na h-òrain is fuinn ùra aca. Tha iad a-nis a' càr a' chlàir chliùitich 'Sugarcane' a-mach a-rithist às ùr tro

Proper Distribution.

## Na h-Òganaich

17mh luchar aig 8pm - £15/13

Bha Na h-Òganaich gu mòr nam pàirt dhen dùsgadh-ùidheann an ceòl Gàidhlig sna 1970an airson ginealach ùr agus thug iad buaidh mhòr air mòran luchd-ciùil a thàinig às an dèidh; còmhlan leithid Capercaillie

## Dannsa Cèilidh

15mh is 16mh luchar aig 11f - £5

Tha na dannsachan cèilidh air a' chiad oidhche dhen Fhèis air a bhith cho soirbheachail is gu bheil dà dhansa gu bhith ann am bliadhna às dèidh thachartasan aig An Lanntair.

## Club na Fèise

17mh is 18mh luchar aig 11f - £6/8

A bheil duine idir an-àirde às dèidh dà uair dheug? Tha gu deimhinne. Mura h-eil an cadal oirbh fhathast, tha cothrom agaibh am pàrtaidh a chumail a' dol aig Club na Fèise. Tha an Club fosgailte gu anmoch air an oidhche le cothrom a thighinn a dh'fhaicinn luchd-ciùil nach fhaca tu tron latha, feadhainn òg is ùr, cho math ri cuid dhen luchd-ciùil as chliùitiche.

## Bidh iarrtas mòr air na tiocaidean seo.



See website for details [lanntair.com](http://lanntair.com)

# MUSIC & LIVE EVENTS

## CEÒL & TACHARTASAN

### Grier Classical Duo

4 August at 8pm

£10/£9 members /£8 concessions

The Grier Duo consists of Francis Grier (piano) and his daughter Indira (cello). They have been playing concerts together for 11 years. The duo will be presenting works by Schubert, Rachmaninov, Bach, Mendelssohn and Brahms.

### An Disead Clasaigeach Grier

4 Lùnastal aig 8f

£10/£9 dha buill/£8 lasachaidhean-prise eile

Anns an Disead Grier, tha Francis Grier (piàno) agus an nighean aige Indira (beus-fhidheall). Tha iad air a bhith a' cluich còmhla aig consairtean fad 11 bliadhna. Bidh iad a' cluich phiosan-ciùil aig Schubert, Rachmaninov, Bach, Mendelssohn agus Brahms.



### Luke Jackson

5 August at 8pm

£10/£9 for members /£8 for concessions

Luke is a rising young Roots singer-songwriter from Canterbury, Kent, and 2013 saw him nominated for both the Horizon Award for Best Emerging Talent and the BBC Radio 2 Young Folk Award.

### Luke Jackson

5 Lùnastal aig 8f

£10/£9 dha buill/£8 lasachaidhean-prise eile

Tha Luke na sheinneadair/sgrìobhaiche tàlantach òg à Canterbury ann an Sasainn a tha a' cluich ceòl 'Roots'. Chaidh ainn a chur air adhart ann an 2013 airson na Duais Horizon mar 'Best Emerging Talent' agus 'son na Duais Ceòl-dùthchas Òigridh air BBC Radio 2.

# MUSIC & LIVE EVENTS CEÒL & TACHARTASAN

## Blazin' Fiddles

15 August at 8pm

£12/£10 members & concessions

Take a group of the hottest contemporary fiddle players from the Highlands and Islands of Scotland, mix with some wonderfully sympathetic keyboard and guitar arrangements and you've got the award winning Blazin' Fiddles on your hands.

## Blazin' Fiddles

15 Lùnastal aig 8f

£12/ £10 dha buill is lasachaidhean-prise eile

Faigh cuid dhe na fidhlearan as fheàrr air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, cuir còmhla riutha deagh cheòl-compàirt air a' phiàna is a' ghiotair agus 's e th' agad ach an còmhlan-ciùil clùiteach Blazin' Fiddles.



## 30 Years of an Lanntair

**Phil Cunningham & Aly Bain**

27 August at 8pm - £20

The legendary ambassadors of Scottish Traditional Music return to An Lanntair. Phil & Aly, two of Scotland's most acclaimed traditional musicians, have been delighting audiences across Scotland with their masterful, versatile and amusing performances and leading us in the dance on BBC's live Hogmanay show for over two decades.

## 30 Bliadhna Dhen Lanntair

**Phil Cunningham agus Aly Bain**

27 Lùnastal aig 8f - £20

Seann ghaisgich ceòl traidiseanta na h-Alba a' tilleadh chun An Lanntair. Tha Aly is Phil air a bhith a' toirt tlachd is toileachas dha luchd-èisteachd air feadh Alba le tachartasan beòthail, sgileil, làrn àbhachdais. Tha iad cuideachd air a bhith a' cluich ceòl-dannsa air Oidhche Challainn air a' BhBC fad corr is fichead bliadhna.

# EDUCATION & OUTREACH

## FOGHLAM IS FOGLAM-TADHAIL

Our Education and Outreach team work with local artists, our latest exhibitions and productions and the local community to bring a wide range of skills and learning to young people throughout the Outer Hebrides. For full listings visit [www.lanntair.com](http://www.lanntair.com)

Tha ar Sgioba Foghlaim ag obairle luchd-ealain an eilein, le taisbeanaidhean ùra, le pròiseactan agus le muinntir an àite a' toirt farsaingeachd sgilean is eòlasan ùra do dhòigridh nan Eileanan Siar. Airson fiosrachadh a bharrachd theirigibh gu [www.lanntair.com](http://www.lanntair.com)



### Shoal

Saturday 27 June, 12 – 4pm, at Stornoway Harbour Open Day and An Lanntair throughout June , FREE

Join the An Lanntair team to learn all about the Herring Girls and the 'silver darlings'. Emboss your drawing on a silver fish and add it to the shoal of darlings swimming upstream through an Lanntair.

### Sgaoth

Disathairne 27 Ogmhios, 12 – 4f,  
Latha Fosgailte aig Ùghdarris Port Steòrn-abhagh agus An Lanntair air feadh an Ògmhios, AN-ASGAIDH

Èistibh ri sgioba An Lanntair is iad ag innse mu Chlann-nighean an sgadain agus mu na 'seudan airgid' fhèin. Cuiribh dealbh air cliathaich sgadain agus cuiribh còmhla ris an sgaoth iasg eile is iad a' snamh suas an t-allt tron Lanntair.

### HARBOUR OPEN DAY

Saturday 27th June, 10am-6pm, Cromwell St Quay



# EDUCATION & OUTREACH

## FOGHLAM IS FOGHLAM-TADHAIL



### On Set - Creating Stories and Sets (in Gaelic for upper primary)

Monday 15 – Thursday 18 June, An Lanntair gallery and education room, £1 per child

This workshop will give children the chance to experience being on a set that they will recognize from watching Katie Morag programmes. In the inspiring environment of Granny Island's home, children will be encouraged to create and share stories with each other. Children will also be introduced to set design by creating a room for an imaginary character. Delivered in Gaelic by Chrisella Ross and Sandra Kennedy for p4-7.

### Air Seata – A' Cruthachadh Seata is Sgeulachdan (ann an Gàidhlig dha sgoilearan na h-àrd-sgoile)

Diluain 15 – Diardaoin 18 Ògmhios, gailearaidh agus an rùm-foghlaim, £1 dha clann

Anns a' bhùth-obrach seo gheibh clann an cothrom a bhith air seata a dh'aithnichesd iad bho phrògraman Ceitidh Mòrag air an telebhisean. A' faighinn brosnachadh bho bhith air an t-seata, gheibh clann an cothrom sgeulachdan a chruthachadh agus

See website for details [lanntair.com](http://lanntair.com)

aithris dha chèile. Gheibh iad cuideachd ionnsachadh mu bhith a' dealbhadh seata dha diofar charactaran. Ga thoirt seachad sa Ghàidhlig le Chrisella Ross agus Sandra Cheanadach dha sgoilearan ann an clas 4-7 (bun-sgoil).

### Story Time - Stories and Painting (for pre-school children)

Katie Morag Exhibition  
11 May – 20 June

Gaelic : 1 & 8 June. English: 2 & 9 June,  
An Lanntair gallery, £1 per child

Young children will love hearing Mairi Hedderwick's Katie Morag books read to them in Granny Island's living room. Stories read in English by Rod Morison (Mr Macmaster in the BBC series) or Gaelic by Nan Smith (Mrs Bayview) for children aged 3 – 5, accompanied by an adult.

### Àm-stòridh – Stòridhean is Peantadh (dha clann ro-sgoile)

Taisbeanadh Ceitidh Mòrag  
11 Cèitean – 20 Ògmhios

Gàidhlig : 1mh & 8mh Ògmhios. Beurla:  
2 & 9 Ògmhios, Gailearaidh An Lanntair,  
tiocaidean £1 dha clann

Is cinnteach gun còrd e gu mòr ri clann òg èisteachd ri leabhrachaean Ceitidh Mòrag, le Mòrag Hedderick, air an leughadh anns an rùm-suidhe aig an t-Seamhair Eileanaich. Thèid na sgeulachdan Beurla a leughadh le Ruairidh Moireasdan (Mgr MacMhaighstir) leis na stòridhean Gàidhlig gan leughadh le Nan Nic a' Ghobhainn (Mrs Ceann a' Bhàigh) dha clann 3 -5, le párrantan còmhla riutha.

# EDUCATION & OUTREACH

## FOGHLAM IS FOGLAM-TADHAIL

### Gaelic Darlings

A wonderful opportunity to join us at An Lanntair as we celebrate the unique history and culture of our island's fishing industry. Join accomplished local singers to learn traditional Gaelic songs about herring, fishing and the sea.

Details and booking available at [www.lanntair.com](http://www.lanntair.com)

### Na Seudan Gàidhlig

Cothrom air leth airson thighinn còmhla rinn is sinn a' comharrachadh dualchas sònraichte gniomhachais-èisg an eilein. Bidh cothrom ann ionnsachadh seann òrain Ghàidhlig mu dheidhinn nan sgadan, mun iasgach agus a' mhuir bho sheinneadairean ceòlmhor Leòdhasach.

Fiosrachadh ri fhaighinn aig [lanntair.com](http://lanntair.com)



### Musical Theatre Summer School -

#### 'Can't stop believing'

27 July – 11 August, Lewis Castle College and An Lanntair, ages 10 – 16

Summer school returns to An Lanntair. This is the perfect way for children to spend their summer making new friends, developing their creativity and most importantly having fun! After two weeks of intensive tuition with Stuart Morrison and his professional team, young people will be able to stage an inspiring production.

### Sgoil Shamhraidh an Dràma-chìùil -

#### 'Can't stop believing'

27 Iuchar – 11 Lùnastal, Colaiste a' Chaisteil agus An Lanntair, aois 10 – 16

Tha an sgoil shàmhraidh a' tilleadh chun An Lanntair. Tha seo na chothrom mìor-bhaileach dha clann an samhradh a chur seachad a' brosnachadh sgilean cruthachail, a' déanamh chàirdean ùra le dibhearsain is spòrs gu leò! An deidh cola-deug de dh'ionnsachadh bho Stiùbhart Moireasdan agus an sgioba phroifeasant aige, cuiridh Na h-Òganaichfhèin dràma-ciùil air dòigh.



# EDUCATION & OUTREACH

## FOGHLAM IS FOGHLAM-TADHAIL

### **Mythical sound head sculptures**

An Lanntair at Heb Celt – with Sarah Kenchington.

Thurs 16 – Sat 18 July, Castle Green, for all ages.

Create your own Beastie Kazoo mask and make yourself look and sound like a mythical beast, a roaring dragon or an enchanting sea maiden. Find us on the Castle Green at the Hebridean Celtic Festival to make your mask.

### **Iomhaighean uirsgeulach sound head.**

An Lanntair aig Fèis Cheilteach Innse Gall – le Sarah Kenchington

Diardaoin 16 – Disathaine 18mh July,  
Lèanag a' Chaisteil, Fèis Cheilteach Innse Gall, dha daoine aig gach aoi.

Dèan aghaidh choimheach Beastie Kazoo agus curibh fhèin ann an riochd biast mhòr uirsgeulach, dràgon eagalach fi-adhaich no mhaighdean-mhara bhreagha. Gheibh sibh lorg oirnn air Lèanag a' Chaisteil mar phàirt den Fheis Cheiltich far am bi cothrom agaibh aghaidh choimheach a chruthachadh dhuibh fhèin.



# CAFÉ BAR CAFAIDH BÀR

An Lanntair's café bar is open throughout the day serving breakfast, freshly baked cakes, coffees and teas as well as a full lunch menu. For dinner come and enjoy our daily specials which celebrate local produce with freshly caught local seafood, Isle of Lewis cheeses, smoked salmon, black pudding and much more.

Our bar is also open in the evenings for cocktails, a variety of Scottish gins, whiskies and Scottish roasted Lyon Coffee. Come to relax and enjoy the spectacular view of Stornoway Harbour.

Members of An Lanntair receive a 10% discount in Café Bar, shop and on selected events.



Tha cafaidh An Lanntair fosgailte fad an latha a' reic bracaist, chèicichean (air an dèanamh leinn fhin), cofaidh is teatha le clàr-bìdh farsaing againn aig tìde-diathaid. Airson dìnnear, thigibh a dh'fheuchainn na tha againn de mhaorach is iasg (air ùr-ghlacadh), càisean à Eilean Leòdhais, bradan smocte, maragan agus gu leòr eile.

Cuideachd, tha am bàr fosgailte feasgar a' reic choctailean, iomadh seòrsa gin is uisge-beatha agus Cofaidh Lyon—air a ròstadh an Alba. Thigibh ann, leigibh anail agus dèanaibh fhèin comhfhurtail aig an uinneig a' coimhead a-mach thar Chala Steòrnabhaigh.

Gheibh duine le ballrachd 'son An Lanntair 10% far na pris' sa chafaidh, sa bhùth agus far pris cuid dhe na tachartasan.



# EVENTS AT A GLANCE


## TACHARTASAN - SÙIL AITHGHEARR

June	Event	Time
Tuesday 2nd	Local Mòd	
Wednesday 3rd	Local Mòd	
	Film Club	7pm
Thursday 4th	Local Mòd	
Friday 5th	Local Mòd	
Saturday 6th	Art Club/Drama Club	
Tuesday 9th	Set Design Workshop with David Wilson (S3+)	10am
Wednesday 10th	Film Club	7pm
Friday 12th	Set Design Workshop with David Wilson (Adults)	10am
Saturday 13th	Art Club/Drama Club	
Wednesday 17th	Film Club	7pm
Friday 19th	Celebrating 30 years of An Lanntair - SNJO with Eddi Reader	8pm
Saturday 20th	Art Club/Drama Club	
Wednesday 24th	Film Club	7pm
Friday 26th	Exhibition Opening: Clann Nighean an Sgadan: The Herring Girls	5pm
July	Event	Time
Friday 3rd	An Lanntair Food Festival	
Saturday 4th	An Lanntair Food Festival	
Wednesday 15th	Celebrating 30 years of An Lanntair Heb Celt: Between Islands	7.30pm
	Heb Celt: Ceilidh Dance	11pm
Thursday 16th	Heb Celt: Mythical sound head sculptures workshop	
	Heb Celt: Shinty Heros "Curaidhean na Camanachd"	7.30pm
	Heb Celt: Ceilidh Dance	11pm
Friday 17th	Heb Celt: Mythical sound head sculptures workshop	
	Heb Celt: Na h-Óganaich	7.30pm
	Heb Celt: Festival Club	11pm
Saturday 18th	Heb Celt: Mythical sound head sculptures workshop	
	Heb Celt: Shine	7.30pm
	Heb Celt: Festival Club	11pm
Monday 27th	Musical Theatre Summer school - 'Can't stop believing' Begins	
August	Event	Time
Tuesday 4th	Musical Theatre Summer school - 'Can't stop believing' Ends	
	Grier Classical Duo	8pm
Wednesday 5th	Luke Jackson	8pm
Saturday 8th	Exhibition Opening: A Fiaradh Gun Iar: Veering Westerly	
Saturday 15th	Blazzin Fiddles	8pm
	Art Club/Drama Club	
Saturday 22nd	Art Club/Drama Club	
Thursday 27th	Phil Cunningham & Aly Bain	8pm
Saturday 29th	Art Club/Drama Club	

Kenneth Street      Sràid choinnich  
 Stornoway HS1 2DS    Steòrnabhagh HS1 2DS  
 Tel. 01851 708480    Fòn. 01851 708480  
 info@lanntair.com    info@lanntair.com

## 30 YEARS OF AN LANNTAIR 30 BLIADHNA DHEN LANNTAIR

We have a specially designed range of limited edition stock in our shop to celebrate our 30th anniversary.  
 Tha sinn le stoca cuibhrichte de nithean sònraichte sa bhùth a' comharrachadh 30 bliadhna bhon thòisich sinn.



### BECOME A CARAID (FRIEND) AND SUPPORT AN LANNTAIR

You'll receive a range of benefits including:

[Discounts on selected live events and classes](#)

[Previews of our seasonal brochures](#)

[Priority booking for selected events](#)

[10% off food in the café bar](#)

[10% off items in the shop\\*](#)

[Invitations to exclusive exhibition previews](#)

\*Excluding books, CDs and commissioned items

See website for details on how to become a member - [lanntair.com](http://lanntair.com)

### BI NAD CHARAID IS CUIR TAIC RIS AN LANNTAIR

Gheibh thu sreach de bhuannachdan, nam measg:

[Pris nas isle air cuid de chlasaichean is thachartasan](#)

[Ro-shealladh air ar leabhranan ràitheil](#)

[Priomhachas air tiocaidean 'son cuid de thachartasan](#)

[10% far pris a' bhidh sa bhàr agus san taigh-bhidh](#)

[10% far phrisean sa bhùth\\*](#)

[Cuiridhean gu ro-sheallaidean sònraichte air taisbeanaidhean](#)

\*Seach leabhrachean, CDaicean agus nithean air coimiseanadh

Theirig chun na làraich-lin 'son fiosrachadh air ballrachd a thoirt a-mach - [lanntair.com](http://lanntair.com)

